



**NatureScot**  
**NàdarAlba**

Scotland's Nature Agency  
Buidheann Nàdair na h-Alba



# Beartas nàdair, soirbheas dhaoine

Plana Corporra NàdarAlba 2026-2030



# Ur NàdarAlba

'S e buidheann nàdair na h-Alba a th' ann an NàdarAlba. Tha sinn ag obair còmhla ri coimhearsnachdan, com-pàirtichean is gnìomhachasan air feadh na dùthcha, ann am fìor-uisge, aig muir, air a' chladach agus ann am bailtean mòra is beaga airson beartas nàdair is soirbheas dhaoine.

Gabhaidh sinn ceuman mòra is luatha airson nàdar a neartachadh, 's sinn a' freagairt air èiginn na bith-iomadachd is na gnàth-shìde. Glèidhidh sinn na buannachdan mòra a thig na chois do dhaoine is dhan eaconamaidh.

Tha iomadh dleastanas is uallach laghail oirnn. Bidh sinn a' toirt comhairle do Mhinistearan na h-Alba, 's ann againn a tha an stiùir a thaobh Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba a chur an gnìomh, ceadachasan airson gnèithean a chumail fo rian no gan toirt air ais, comharradh is stiùireadh làraichean nàdair cudromach, stiùireadh nan 29 tèarmainn nàdair nàiseanta againn, brosnachadh inntrigidh chùramaich air an dùthaich agus cumail taic ris an t-siostam phlanaidh, am measg mòran rudan eile. 'S e an t-amas againn an spionnadh seo a chur a dh'ionnsaigh Alba a bhios làn nàdair neartmhor a chùm math nan daoine.





# Clàr-innse

---

Ur NàdarAlba	2
Ro-ràdh	4
Gnìomh a dhearbhas	6
Gairm nàiseanta	9
Prionnsabalan	10
Prìomhachasan	11
Ag ath-shlànachadh nàdar fallain	12
Ag ath-stèidheachadh ceangal eadar daoine is nàdar	13
Ag obair còmhla ri nàdar	14
A' toirt fàs air inbheisteachd ann an nàdar	15
Àitichean seasmhach	16
Cumhaichean soirbheis	17

# Ro-ràdh


Thig iomadh buannachd do dhaoine an cois nàdair. Bho adhar is uisge glan, agus biadh fallain, gu taic dhan eaconamaidh is teachd an tìr againn, slàinte nas fheàrr, àitichean cluiche, sòlas is ath-shlànachadh. Tha e a' cur spionnadh nar mac-meanmna is cultar. Feumaidh eaconamaidh fhallain àrainneachd nàdarra fhallain mus soirbhich leatha.

Tha luach ann an nàdar fhèin cuideachd – luach a ghabhas mi iongnadh dheth gach latha. Tha sinn an ìmpis a' bhòidhchead, an luach is na buannachdan a thig na chois a chall leis gu bheil an saoghal nàdarra againn ann an èiginn a tha a' fàs nas miosa, agus nach eil coltas ann gu bheil atharrachadh na gnàth-shìde a' dol nas slaodaiche.

Tha sinn air a bhith a' cumail sùil air nàdar fad còrr is ceud bliadhna agus tha sinn air crìonadh leantainneach ann an àireamh is raon iomadh gnè fhaicinn. Tha fios againn dè tha ag adhbhrachadh seo agus dè th' againn ri dhèanamh airson 's nach bi aig nàdar ri strì uiread.

Le bhith a' cur nàdar aig cridhe nan rudan a nì sinn uile, thèid againn air seo a thilleadh agus buannachdan nàdair





a thoirt dhuinn uile, ge be càit a bheil sinn a’ fuireach agus dè tha sinn ris.

’S e sin an t-adhbhar gu bheil muinntir na h-Alba ag iarraidh àrainneachd làn nàdair a sheasas atharrachadh na gnàth-shìde, a chuireas ri eaconamaidh carboin ìosal, a bhios a rèir nan geallaidhean eadar-nàiseanta againn agus a bheir fàs air an eaconamaidh againn air dòigh chothromach. Tha am plana seo airson slugh, sgìre is soirbheas a’ cur ri seo uile.

Leasaich sinn am Plana Corporra againn còmhla ris na com-pàirtichean is co-obraichean againn. Tha e a’ sealltainn gu soilleir gu bheil ceannardas NàdarAlba ag obair air a’ cho-iomairt nàiseanta againn, Alba shoirbheachail. A’ coimhead seachad air a’ chladach againn fhìn, tha mar a tha Alba a’ toirt aghaidh air èiginn na gnàth-shìde is an nàdair na adhbhar-brosnachaidh do mhòran thall thairis. Tha dealas daingean againn do Fhrèam-obrach Eadar-nàiseanta na Bith-iomadachd fo stiùir nan Dùthchannan Aonaichte airson stad a chur air call nàdair is a thilleadh.

Bidh gach eòlaiche dìorrasach is dealasach aig NàdarAlba a’ dèanamh oidhirp mhòr airson Alba anns am bi nàdar seasmhach is beartach. ’S sinne ur NàdarAlba-sa, agus seo ar dealas do mhuinntir na h-Alba.

**An t-Ollamh Cailean Mac a’ Bhreatnaich FRSE  
Cathraiche, NàdarAlba**

# Gnìomh a dhearbhas

Tha nàdar fo chunnart – agus ma tha nàdar fo chunnart, tha 's sinne.

'S e sin an t-adhbhar gu bheil sinn a' cur romhainn stad a chur air call na bith-iomadachd ro 2030 agus bith-iomadachd a thilleadh is ath-shlànachadh air feadh ar dùthcha, mara agus uisgeachan ro 2045.

Tha sùil air a bhith againn air a' cheann-uidhe seo fad iomadh bliadhna a-nis agus tha sinn air a bhith ag obair ga ionnsaigh. Tha dìleab làidir againn is saoghal dòchasach romhainn.




# Gnìomh a dhearbhas

## Rinn sinn adhartas mòr leis a' Phlana Chorporra mu dheireadh: Nàdar beairteach dhuinn uile



B' e NàdarAlba am prìomh chom-pàirtiche ann an Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba, a chaidh fhoillseachadh ann an 2024, ullachadh. Tha ro-innleachd Riaghaltas na h-Alba na mhapa soilleir gu ruige Alba a bhios math dha nàdar air tìr is aig muir ro 2030. 'S e iomairt mhòr thairis air trì bliadhna a bh' ann, a' comharrachadh còrr is 130 gnìomh air a bheil feum air an t-slighe gu 2030. Tha làmh air an stiùir aig NàdarAlba anns an dàrna leth dhiubh agus tha sinn a' cumail taic ri mòran eile dhiubh.



Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt £65m do Mhaoin Ath-shlànachadh Nàdair agus cha robh a leithid againn a-riamh roimhe. Chùm seo taic ri còrr is 240 pròiseact bho 2021, a' maoineachadh obair ath-shlànachaidh air còrr is 114,000 heactair. Sgaoil Maoin Leasachadh Àrainneachd Muir na h-Alba mu £4m, a' cumail taic ri 62 pròiseact mara gu ruige 2025. Chuir maoin eile, Goireas airson Nàdar a tha Deiseil ri Inbheisteachd ann an Alba, a tha sinn a' stiùireadh còmhla ri Maoin-dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta, £6.5m an sàs bho 2023, a' cumail taic ri 44 pròiseact ùr-ghnàthach.



Bho 2022 tha còrr is 30,000 heactair de mhòinteach a bh' ann an droch chor a-nis ga ath-shlànachadh. Chuir sinn an sealbh £60m às leth Riaghaltas na h-Alba agus lùghdaich seo na chuireas Alba a-mach de ghasaichean taighe-ghlainne, a' cruthachadh bhith-àrainnean luachmhor, tìr a sheasas tuiltean, tart is teine nas fheàrr agus dreuchdan is cothroman eaconamach ann an coimhearsnachdan cugallach. Chaidh aithneachadh cuideachd dè cho cudromach 's a tha mòintichean na h-Alba is UNESCO a' buileachadh inbhe Làrach Dualchais an t-Saoghail air Dùthaich nam Boglaichean, a' chiad bhoglach san t-saoghal a fhuair an t-urram seo.

# Gnìomh a dhearbhas

Tha ceithir prionnsabalan gar stiùireadh sa Phlana Chorpóra ùr againn. Le sùil gheur orra seo, tha sinn an dùil gum bi sinn deiseil airson na bhios air toiseach oirnn agus gum bi cothrom againn air na thig an cois nàdair beartaich.

Fo stiùireadh nan ceithir prionnsabalan seo, tha còig prìomh bhuilean againn gu ruige 2030. Tha sinn a' creidsinn gum bi deagh bhuaidh mhòr aca air nàdar ann an Alba ro 2030. Còmhla, tha iad ag aithneachadh na tha de luach ann an àrainneachdan nàdarra aig muir is air tìr, agus nar bailtean beaga is mòra. Tha iad ag aithneachadh gum feum sinn uile tarraing air an aon ràmh airson diofar a dhèanamh.

Dh'fhaodadh beartas nàdair a bhith anns gach àite ann an Alba leis na th' againn de dhiofar bhith-àrainnean

Tha ceangal làidir eadar na còig prìomh bhuilean againn is fios aig eòlaichean air feadh an t-saoghail gu bheil a' ghnàth-shìde, bith-iomadachd, biadh, uisge is slàinte dhaoine dlùth-cheangailte ri chèile. Feumaidh sinn gnìomhan anns gach raon seo airson nam buannachdan a dh'fheumas an saoghal is an sluagh.

Dh'fhaodadh beartas nàdair a bhith anns gach àite ann an Alba leis na th' againn de dhiofar bhith-àrainnean. Tha sin follaiseach ann an cuid a dh'aitichean mar-thà, ach chan eil gu leòr dhiubh againn. Feumaidh sinn coimhead air feadh nam bailtean againn, aig muir is air tìr, airson aghaidh nas daingne a chur air buaidh atharrachadh na gnàth-shìde. Tha ath-shlànachadh a' dol mar-thà ann an àitichean mar Choille-uisge a' Chuain Shiar, raon-glacaidh Loch Liobhann is Linne Foirthe, air iomadh tuathanas is croit, agus nar coimhearsnachdan mar Phuill-chriadha Cnoc Hamalton is Sgoiltean Nàdair Siorrachd Lannraig a Deas. 'S ann le coimhearsnachdan a tha iomairtean mar seo gu tric agus tha iad a' toirt piseach air beatha dhaoine.

Tha mòran phrògraman ath-shlànachadh nàdair a' dol mar-thà agus tha mòran a bharrachd

an ìmpis tòiseachaidh. Mus bi buaidh aca, feumaidh sinn obair a dhèanamh còmhla ri iomadh com-pàirtiche, coimhearsnachdan, tuathanaich, iasgairean, luchd-leasachaidh tuathanasan-gaoithe is ùghdarrasan ionadail airson nàdar ath-shlànachadh agus Alba shoirbheachail is sheasmhach a thogail dhuinn uile.



Feumaidh sinn coimhead air feadh nam bailtean againn, aig muir is air tìr, airson aghaidh nas daingne a chur air atharrachadh na gnàth-shìde



# Gairm nàiseanta

## Èiginn nàdair is na gnàth-shìde

Tha Ro-innleachd Bith-iomadachd Riaghaltas na h-Alba na phlana dàna, fad-ùineach airson nàdar ath-shlànachadh ro 2045 is stad a chur air call na bith-iomadachd ro 2030. Bidh ro-innleachdan eile cudromach cuideachd, leithid Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde, Plana Freagarrachadh Nàiseanta na h-Alba, Prògram Ath-leasachadh an Àiteachais, Plana Nàiseanta na Mara agus reachdas àrainneachd ùr. Bidh pròiseactan cumhachd ùra – air tìr is far a’ chladaich – aig cridhe eaconamaidh carboin ìosal agus bheir sinn comhairle is taic do bhuidhnean leasachaidh. Tha ath-shlànachadh nàdair na bhunait do dh’iomairt nàiseanta cho-òrdanaichte airson ath-sheasmhachd is tèarainteachd na h-eaconamaidh. Bidh Nàdar Alba aig ceann tagrachd airson daoine is nàdar anns gach frèam-obrach is mòran eile.



Beartas Nàdair, Soirbheas Dhaoine / Plana Corporra 2026-2030

Tha seasmhachd is tèarainteachd na h-eaconamaidh an cois ath-shlànachadh nàdair

## An eaconamaidh is seirbheisean poblach

Tha an obair aig mu 200,000 duine an eisimeil na h-àrainneachd nàdarra. Seo 7.9% dhen luchd-obrach air fad agus a rèir ro-aithris, fàsaidh seo mar a dh’fhàsas an ùidh ann an ath-shlànachadh nàdair. Tha an teachd a-steach aig daoine ann an gnìomhachas a’ bhìdh, na dighe, an àiteachais, na h-iasgachd, ath-shlànachadh nàdair, na coilltearachd is mòran eile an eisimeil nàdair. Ma chuireas sinn airgead an sealbh nar calpa nàdarra, mar phàirt de phlana eaconamach co-òrdanaichte, thig piseach air ar tèarainteachd is ath-sheasmhachd agus bheir e cothrom dha eaconamaidh na h-Alba fàs a thoirt air dreuchdan uaine ùra. Mur an cuir, tachraidh an caochladh.

Feumaidh cothromachd a bhith aig cridhe na h-iomairt. Tha toradh mòr aig inbheisteachd poblach ann an nàdar agus tha e na chlach-bhunait dhan eaconamaidh. Ma chuireas sinn airgead ann an nàdar an tòir buannachdan sòisealta, tha fianais Riaghaltas na h-Alba a’ sealltainn gun sàbhail sinn airgead ann an seirbheisean eile san roinn phoblaich. Mar is trice, nithear inbheisteachd tro chom-pàirteachasan oir tha e nas èifeachdaiche is a’ brosnachadh ath-leasachadh sna seirbheisean poblach. Bheir sinn sùil air dòighean cothromach teachd a-steach fhaighinn bho na seirbheisean againn, gar fàgail nas sùbailte is nas ùr-ghnàthaiche, agus sinn gu mòr airson buaidh thargaidichte a thoirt fo stiùir saidheans is fianais.



## Coimhearsnachdan is buannachdan sòisealta

Fàsaidh slàinte is foghlam dhaoine nas fheàrr ma bhios raointean làn nàdair faisg air na h-àitichean far a bheil daoine a’ fuireach, ag obair, a’ cluich is ri foghlam. Tha fianais againn a dh’innseas dhuinn dè cho cudromach ‘s a tha nàdar mar fhuasgladh air dùbhlain shòisealta. Sheall Com-pàirteachasan Slàinte Uaine, foghlam air a’ bhàr a-muigh is iomairtean coimhearsnachd gun tig buannachdan èifeachdach an cois inbheistidh ann an nàdar faisg air daoine. B’ urrainn dhan NHS ann an

Alba airgead mòr a shàbhaladh ma dh’iarras dotairean air daoine a dhol an sàs nàdair. Nì sinn cinnteach gum bi nàdar aig teis-madhan beatha dhaoine airson piseach a thoirt air ar slàinte-inntinn, cur-seachadan, foghlam agus airson pròis nar coimhearsnachdan a bhrosnachadh.

B’ urrainn dhan NHS ann an Alba airgead mòr a shàbhaladh ma dh’iarras dotairean air daoine a dhol an sàs nàdair

# Prionnsabalan

**Bidh buaidh aig ar prionnsabalan air na nì sinn. Cuidichidh iad sinn ann a bhith a' toirt gu buil nam prìomhachasan againn agus a' stiùireadh ar n-obrach còmhla ris na com-pàirtichean againn.**

Dh'èirich na ceithir prionnsabalan seo leis gu bheil againn ri obair a dhèanamh aig sgèile mhòr is aig astar mòr, cudrom a chur air daoine sna co-dhùnaidhean againn, teicneòlas a chleachdadh, smaoineachadh ùr-ghnàthach a dhèanamh agus fianais bho iomadh tùs a chur gu feum. Tha iad ag aithneachadh gun urrainn dhan a h-uile duine piseach a thoirt air nàdar is na builean againn do dh'Alba.



**Èiginn is sgèile**

Tha feum air gnìomh èiginneach agus aig sgèile mhòr airson amasan bith-iomadachd na h-Alba a choileanadh is gach glùin ag iarraidh oirnn aghaidh a chur air èiginn na bith-iomadachd is na gnàth-shìde.



**Fòcas air daoine**

Gnìomhan a chuireas ri gluasad cothromach a nì cinnteach gun tèid buannachdan nàdair a cho-roinneadh gu cothromach agus gun dèilig sinn ri cunnartan atharrachadh na gnàth-shìde air dòigh cheart.



**Gabhail ri ùr-ghnàthachas**

Bidh iomairtean againn a fhreagras air gach àite e fhèin airson buannachdan nàdair a chur an làn-mheud tro dhòighean-obrach sgileil, comasach, sùbailte, co-obrachail is didseatach.



**Fo stiùir fianais**

Nì sinn obair is cuiridh sinn airgead an sealbh far a bheil fianais is ro-aithris ag innse gu bheil dearg-fheum aig daoine is nàdar air airson 's gun seas sinn buillean nas fheàrr, gu sònraichte a thaobh buaidh èiginn na gnàth-shìde.

# Prìomhachasan

Seo na prìomh bhuilean againn – na tha sinn ag amas air ro 2030. 'S ann da-rìribh a tha sinn mun uallach a th' oirnn is sinn aig stiùir ath-shlànachadh nàdair ann an Alba. Tha sinn air builean is iomairtean a nì diofar mòr a lorg.



# Ag ath-shlànachadh nàdar fallain




**Gun stiùirich sinn leigheas ghnèithean, gun ceangail sinn bith-àrainnean ri chèile, gun dìon sinn co-dhiù 30% dhen tìr, mhuir is dhe na h-aibhnichean ro 2030 air an t-slighe gu deagh shlàinte eag-eòlach.**

Le làmh air an stiùir, brosnachidh sinn slàinte eag-eòlach aig sgèile mhòr agus togaidh sinn lìonraidhean nàdair, a' cur taic ri leigheas ghnèithean, ag ath-shlànachadh nàdair aig ìre nan raointean-glacaidh, a' glèidheadh co-dhiù 30% dhen tìr is mhuir do nàdar ro 2030.

Nì sinn na leanas	Agus seo a' bhuaidh
Co-dhiù 30% dhen tìr is mhuir ga dhìon mar sàr làraichean nàdair is gan ceangal ri chèile tro lìonraidhean nàdair ro 2030.	Àitichean nàdair gam meudachadh gu mòr is bith-àrainnean gan ceangal ri chèile, a' leigeil le gnèithean gluasad mun cuairt is tilleadh gu iomadh àite air tìr is aig muir.
Obair leigheas ghnèithean is bith-àrainnean ga dèanamh, far a bheil fianais a' sealltainn buannachd.	Deagh shlàinte eag-eòlach ga brosnachadh le bhith a' cur cudrom air prògraman leigheis leis na gnèithean cearta sna h-àitichean cearta.
Aig ceann iomairt airson spionnadh a chur ann an ath-shlànachadh mòintichean na h-Alba.	Lùghdachadh ann an sgaoilidhean carboin ann an Alba, a' toirt dhuinn dìon nas fheàrr bho thuiltean is tart, fàsaidh ar n-uisgeachan nas glaine is barrachd carboin ga glèidheadh san àm ri teachd.

- Nì sinn measadh air an adhartas le bhith a' tomhas:**
- na bhios fo dhìon dhen tìr is dhen mhuir ro 2030
  - na heactairean de mhòinteach uile gu lèir a bhios air an ath-shlànachadh
  - slàinte eag-shiostaman nan làraichean fo dhìon

# Ag ath-stèidheachadh ceangal eadar daoine is nàdar



**Barrachd taic do dh'iomairtean a bhios nam buannachd do nàdar tro cheanglaichean poblach, tuigse is intrigeadh nas fheàrr.**

Tha sinn airson an ceangal eadar daoine is nàdar a neartachadh le bhith a' sealltainn nam buannachdan a thig na lùib air dòigh bhrosnachail airson is gun cuir daoine taic ris, a' stèidheachadh tagrachd earbsach airson ath-shlànachadh nàdair.

## Nì sinn na leanas

Buannachdan a' cheangail eadar daoine is nàdar gan comharrachadh is gam brosnachadh.

Cothroman a dhol an sàs nàdair, gu sònraichte do dhaoine òga, gam brosnachadh, a' gabhail a-staigh nan tèarmann nàdair againn.

Gnìomhan, luchd-obrach is sgilean gan leasachadh, obair shaor-thoileach is saidheans shaoranach nam measg.

## Agus seo a' bhuidh

Dol a-mach a bhios na bhuanachd do nàdar ga bhrosnachadh.

Com-pàirteachasan a chuireas taic ri amasan foghlaim nàiseanta is reachdas a thaobh foghlam air a' bhlàr a-muigh gan neartachadh.

Taic ri fàs eaconamach is raon farsaing de sgilean againn air am bi feum airson nàdar ath-shlànachadh.

## Nì sinn measadh air an adhartas le bhith a' tomhas:

- a' cheangail eadar daoine is nàdar
- an tuigse a th' aig a' phoball air buaidh call na bith-iomadachd is atharrachadh na gnàth-shìde

# Ag obair còmhla ri nàdar



## Dòighean-obrach a tha math do nàdar ann an obair àiteachais is eile a tha an eisimeil an fhearainn is na mara.

Stiùireadh stèidhichte air nàdar a chur an sàs airson taic a chumail ri gnìomhachasan le bhith ag obair còmhla ri tuathanaich, coilltearan, manaidsèaran fearainn is fiadh-bheatha, iasgairean is luchd-leasachaidh airson buannachdan nàdair fhaotainn, a' lùghdachadh buaidh na gnàth-shìde is tighinn beò ri taobh fiadh-bheatha.

Nì sinn na leanas	Agus seo a' bhuaidh
Comas gnèithean, fiadh-bheatha is nàdar a stiùireadh air dòigh a bhios math dha nàdar ann an com-pàirteachas ri coilltearan, luchd-saothrachaidh bìdh is manaidsèaran air tìr is aig muir.	Bith-iomadachd air tuathanasan, coilltean is aig muir ga meudachadh, le toraidhean is prothaideachd sheasmhach a rèir amasan nàiseanta.
Stiùireadh seasmhach nam fiadh air feadh na h-Alba ga neartachadh le spionnadh.	Ath-shlànachadh nàdarra de bhith-àrainnean, gu sònraichte ann an raointean eag-eòlach cugallach, a' lùghdachadh sgaoilidhean carboin is a' cur am meud glèidheadh a' charboin.
Stiùireadh soilleir is taic do luchd-leasachaidh airson gach cothrom air ath-shlànachadh nàdair a chur gu feum.	Dearbhadh gun cruthaich luchd-leasachaidh pròiseactan seasmhach a bhios math dhan bith-iomadachd.

## Nì sinn measadh air an adhartas le bhith a' tomhas:

- cò mheud croit is tuathanas a gheibh comhairle bhuainn is a bhios ri tuathanasachd còmhla ri nàdar
- mar a lùghdaicheas raon nam fiadh is mar a dh'fhuiricheas an àireamh aca ìseal
- cò mheud plana mara a th' ann aig a bheil poileasaidhean a tha math dha nàdar

# A' toirt fàs air inbheisteachd ann an nàdar



## Ìre nas àirde de dh'inbheisteachd ceart ann bhon roinn phoblaich is phrìobhaidich.

Ìrean nas àirde de dh'inbheisteachd ceart bhon roinn phoblaich is phrìobhaidich agus bho ghràdhaichean-daonna ann an ath-shlànachadh is ath-sheasmhachd nàdair, tro fhuasglaidhean ionmhasail measgaichte do stiùireadh an fhearainn, aig muir is air tìr, coimhearsnachdan is an roinn phoblach.

### Nì sinn na leanas

Airgead ann an nàdar ga bhrosnachadh tro shreath de phròiseactan a bhios furasta ri inbheisteachd agus modailean dha roinnean maoineachaidh eile.

Inbheisteachd nàdair a dhùsgadh is stiùireadh, ìrean, comhairle is innealan didseatach ann.

### Agus seo a' bhuaidh

Slighe thèarainte do mhaoineachadh pròiseactan ath-shlànachadh nàdair ga stèidheachadh, a' toirt seachad deagh bhuilean nàdair is coimhearsnachd.

Frèam-obrach iomchaidh a chruthachadh airson buannachdan bith-iomadachd a bharrachd agus earbsa sa mhargaid ann an inbheisteachd nàdair.

## Nì sinn measadh air an adhartas le bhith a' tomhas:

- fàs mar cheudad ann am maoineachadh prìobhaideach do nàdar an coimeas ri 2025/26
- cò mheud heactair a tha ri làimh airson taic maoineachaidh tro fhrèamaichean-obrach cearta

# Àitichean seasmhach



## Ath-shlànachadh nàdair a' toirt dhuinn seasmhachd na gnàth-shìde, eaconamach is shòisealta nas treasa nar coimhearsnachdan.

Le ath-shlànachadh nàdair nas luaithe, cuiridh sinn taic ri coimhearsnachdan a tha a' freagairt air buaidh na gnàth-shìde, a' toirt piseach air slàinte dhaoine is buannachdan obrach.

Nì sinn na leanas	Agus seo a' bhuaidh
Taic ga cur ri ath-shlànachadh nàdair fo stiùireadh choimhearsnachdan.	Piseach air beatha dhaoine, luach eaconamach is seasamh an aghaidh cunnartan na gnàth-shìde.
An ceann barrachd iomairtean airson buannachdan slàinte is nàdair faisg air far a bheil feum aig daoine orra.	Cosgaisean nas lugha do Sheirbheis Slàinte na h-Alba.
An luach a th' ann an ath-shlànachadh nàdair air a' chladach is aig ìre nan raointean-glacaidh ga shealltainn airson bun-structar cudromach a dhìon bho bhuaidh na gnàth-shìde.	Am feum a bhiodh ann an inbheisteachd ann am bun-structar uaine ga shealltainn.

### Nì sinn measadh air an adhartas le bhith a' tomhas:

- cò mheud duine a tha a' fuireach còig mionaidean a choiseachd air falbh bhon àite uaine as fhaisge orra
- sàbhalaidhean goireasan na roinn poblaich ri linn inbheisteachd ann an nàdar
- an luach aig bun-structar cudromach a tha ga dhìon le bun-structar uaine

# Cumhaichean soirbheis

Thig sìor-atharrachadh air na dòighean anns an dèan sinn ar n-obair is sinn a' cur a' Phlana Chorporra an gnìomh airson dèanamh cinnteach gun soirbhich leinn.

Cuiridh sinn prìomhachas air trì raointean airson àrd-amas a' Phlana Chorporra a thoirt gu buil.





# Cumhaichean soirbheis

## Ceannardas brosnachail bhon a h-uile duine

- Bheir sinn uile stiùireadh soilleir, misneachail is reusanta seachad, ag obair tro mhì-chinnt is cuspairean toinnte gu h-èifeachdach.
- Bidh buaidh againn ma bhios earbsa aig daoine annainn, ma bhrosnaicheas sinn com-pàirteachasan is ma bhios suim againn do chàch a chèile fiù mur eil sinn ag aontachadh, a' brosnachadh còmhradh èifeachdach.

## Daoine misneachdail

- Nì sinn obair ann an com-pàirteachas, a' cruthachadh suidheachadh far an urrainn do dhaoine co-obrachadh gu h-èifeachdach, far am bi iad a' faireachdainn gu bheil iad an sàs na cùise agus comas aca cùisean a ghabhail os làimh airson obair bhuadhmhor.
- Bidh daoine a' faireachdainn gun tèid aca air diofar a dhèanamh is an comas, misneachd, sgilean is earbsa aca.

## Dòighean-obrach buadhmhor

- Nì sinn co-dhùnidhean buadhmhor ann an deagh àm, ann an dòigh shoilleir agus gabhaidh sinn ri cunnartan is ùr-ghnàthachas ann an dòigh chùramach.
- Bidh dòighean air leth èifeachdach againn airson obair a dhèanamh, le teicneòlas is dòighean smaoineachaidh a bheir comas dhan a h-uile duine a bhith sùbailte, ùr-ghnàthach is a' cumail aire air fuasgladh.



© Duilleag-aghaidh: Ag obair air a' mhòinteach, Buidheann coiseachd, Feòrag ruadh (Lorne Gill / NàdarAlba), fèineag aig Clach a' Bhruisich (VisitScotland/Luigi Di Pasquale) Crosrag ann an Hiort (Sue Scott / NàdarAlba) Duilleag 2: Buidhnean dhaoine air a' bhlàr a-muigh, Canùadh ann an Loch Mòrlaich, Buidheann bheag a' coiseachd air a' bhlàr a-muigh (Lorne Gill / NàdarAlba) Duilleag 3: Gocan-gorm sa gheamhradh, Dealan-dè ann am Forbhaidh (Lorne Gill / NàdarAlba), A' coiseachd ann an Tulach Cultraidh (VisitScotland / Discover Clackmannanshire / Damian Shields) Duilleag 4: Tuil Uisge Ìle (Peter McPhail / NàdarAlba) Campachadh aig Buachaille Èite Mhòr (VisitScotland / Kenny Lam) Cuilean-ròin glas (Lorne Gill / NàdarAlba) Duilleag 5: Bhana-dealain (Simon Ritchie / NàdarAlba) Grey Mares Tail (VisitScotland / Kenny Lam) Bròg na cuthaige (Lorne Gill / NàdarAlba) An t-Ollamh Cailean Mac a' Bhreatnaich (Greg Macvean Photography) Duilleag 6: Ag obair sna h-Eileanan Siar (Gillian Dunachie / NàdarAlba) Crotal, Losgann, An Gorman, Daolag fhad-adharcach (Lorne Gill / NàdarAlba) A' cur chraobhan (Milagros Saloma / NàdarAlba) A' togail sgudal na tràghad aig Teàrmann Nàdair Nàiseanta (Eleanor Meikle / NàdarAlba) Duilleag 7: Coire Fiadh (Lorne Gill / NàdarAlba) Dàibhear fon uisge (Peter Shucksmith / NàdarAlba) Dìgear (Peatland ACTION / Swift Films) Duilleag 8: Òigridh ag ionnsachadh mu nàdar, Coille a' Ghlasdroma (Lorne Gill / NàdarAlba) Fernbrae Meadows (Karen Smith / Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas) Duilleag 9: Tuathanas-gaoithe far-chladach (Malcolm Fraser / NàdarAlba) Uibhist (VisitScotland / Liam Anderstrem) Duilleag 10: Dùthaich nam Boglaichean, A' cur air dòigh camara glacaidh (Lorne Gill / NàdarAlba) Latha goathach air a' Mhonadh Ruadh (VisitScotland/Luigi Di Pasquale) Sgrùdadh eòin-mhara (Bethany Smith / NàdarAlba) Duilleag 11: Seillean (Lorne Gill / NàdarAlba) Duilleag 12: Cruinneag (Lorne Gill / NàdarAlba) Duilleag 13: Beinn Eighe (Lorne Gill / NàdarAlba) Duilleag 14: Loch Fhasgallaidh (VisitScotland / Kenny Lam) Duilleag 15: Buidheann òigridh a' cur chraobhan (Lorne Gill / NàdarAlba) Duilleag 16: Poll-drèanaidh seasmhach ann an raon-taigheadais ann an Glaschu (James Murray / Comhairle Baile Ghlaschu) Duilleag 17: Crodh, Ùir, Dìgear air a' mhonadh, Eòin a' ghàrraidh, coille, An t-Eilean Sgitheanach (Lorne Gill / NàdarAlba) Bìobhairean (Libby Penman / NàdarAlba) Duilleag 18: Dearc-luachrach mhòr, Eilean Mhàigh, flùraichean fiadhain ann am baile, flùraichean fiadhain agus preasan, Mucan biorach (Lorne Gill / NàdarAlba) Gàrradh mullaich uaine (Abi Gardner / NàdarAlba) Cat-fiadhaich (Laurie Campbell). Taobh a-staigh na duilleig cùil: Machair ann an Uibhist, Dearc-luachrach boiseach, Taghan, Peucag Eòrpach, A' coiseachd sa Choire Odhair, Caoraich bheannach, Lus-Linneus, Ceàrnan-todhair coitcheann, Màthair agus pàiste air a' bhlàr a-muigh, Raineach aig Beinn Eighe, Corcan-coille (Lorne Gill / NàdarAlba) An Liathach, Beinn Eighe agus Loch Clàr (NàdarAlba) Eisirean (Sue Scott / NàdarAlba) Sgait (Fenella Wood / NàdarAlba)

**ISBN:** 978-1-78391-996-3

NàdarAlba

Taigh a' Ghlinne Mhòir

Rathad na Leacainn

Inbhir Nis

IV3 8NW

Fòn. 01463 725000

[ENQUIRIES@nature.scot](mailto:ENQUIRIES@nature.scot)

**nature.scot**



**NatureScot**  
**NàdarAlba**

Scotland's Nature Agency  
Buidheann Nàdair na h-Alba